

## MU SHEIRBHEIS CHÙIRTE NA H-ALBA

### Ro-rà

Tha Seirbheis Chùirte na h-Alba (SCA) na buidheann neo-eisimeileach reachdail air a bheil uallach obair latha gu latha nan cùirtean agus Oifis Neach-dìon a' Phobaill ann an Alba.

Tha i air a riaghladh le bòrd corporra agus leis an Àrd-mhorair, am bhrìtheamh as àirde ann an Alba, mar cheann-suidhe. Mar Cheannaire Bhrìtheamhan Crùin na h-Alba, 's ann air an Àrd-mhorair cuideachd a tha uallach sùil a chumail air cùisean sna cùirtean cho math ri sochair, trèanadh is treoir do bhrìtheamhan, shiorraim agus do chàch.

Airson barrachd fiosrachaidh, tadhailibh air [www.scotcourts.gov.uk/courtsadmin/SCS.asp](http://www.scotcourts.gov.uk/courtsadmin/SCS.asp)

Cuiridh Seirbheis Chùirte na h-Alba air dòigh gum bi cothrom air ceartas le bhith a' solarachadh dhaoine, thogalaichean is teicneòlais mar thaic do dh'obair nan cùirtean, do bhrìtheamhan agus do dh'Oifis Neach-dìon a' Phobaill.

'S iad na cùirtean Albannach a thig fo riaghladh Seirbheis Chùirte na h-Alba:

- **Àrd-chùirtean na h-Alba**, anns a bheil Cùirt an t-Seisein agus Àrd-chùirt a' Cheartais,
- **Cùirtean an t-Siorraim**, agus
- **Cùirtean Maoir a' Cheartais**.

## Àrd-chùirtean ann an Alba

### Cùirt an t-Seisein

Tha Cùirt an t-Seisein ann an Taigh na Pàrlamaid ann an Dùn Èideann agus bidh i a' dèiligeadh ri càsan mòra sìobhalta ann an Alba, nam measg connspaid eadar daoine agus/neo buidhnean. Èistear ri càsan san **Taigh a-Muigh** an toiseach, mar is trice ro bhreitheamh na aonar. Bidh an **Taigh a-Staigh** a' dèiligeadh aig a' char as motha ri ath-thagraidhean on Taigh a-Muigh, o chùirtean siorraim agus o mhòdan-ceartais, agus bidh co-dhiù trìùir bhrìtheamh air a' bheing. Faodaidh ath-thagraidhean a thoirt gu cùirtean nas àirde, mar Àrd-chùirt na RA air neo Cùirt Eòrpach nan Còraichean Daonna ann an Strasbourg.

Bheir SCA taic do Chùirt an t-Seisein tro ghrunn roinn, nam measg:

**Roinn nan Athchuingean** – bidh seo a' dèiligeadh ri tagraidhean a bhuineas ri uchd-mhacachd, bristeadh-creideis, leaghadh companaidh, cùisean agus sgrùdaidhean ceartais, urrasan, cur à dreuchd agus toirmeasg.

**Roinn Choitcheann** – bidh seo a' dèiligeadh ri cùisean-lagha cumanta a thig à

sumanadh nuair a bheir aon neach neach eile gu cùirt mu rudan leithid fiachan, damaistean neo sgaradh-pòsaidh.

**Roinn Às-Tharraing** – cuiridh an roinn seo lethbhric dhearbhte oifigeil de dh'òrduighean-cùirte a-mach a chor agus gum bi breitheanasan air an cur an gnìomh.

**Oifis Neach-glèidhidh nan Rolaichean** – cuiridh seo clàr de chùisean Cùirt an t-Seisein agus clàran-ama làitheil agus seachdainneil ri chèile.

*Airson barrachd fiosrachaidh, tadhailibh air [www.scotcourts.gov.uk/session/index.asp](http://www.scotcourts.gov.uk/session/index.asp)*

## **Àrd-chùirt a' Cheartais**

Bidh an Àrd-chùirt, aig a bheil uachdranas thar Alba gu lèir, air chois gu làn-ùine ann an Dùn Èideann, Glaschu is Obar Dheathain. Cuideachd, bidh i gu sealadach ann an cathraichean no am bailtean eile ann an togalaichean cùirt an t-siorraim, a' dèiligeadh ri càsan fìor eucoireach, nam measg mort, marbhadh le coire, droch ionnsaigh, mèirle armaichte agus malairt dhrugaichean. Thèid iad seo èisteachd ro bhritheamh agus diùraidh de 15 neach a thaghar air thuaiream on phoball. An dèidh breith cionta is dòcha gun leag a' chùirt càin gun chrìoch agus binn prìosan-beatha air duine. Cuideachd, 's i Àrd-chùirt Dhùn Èideann Cùirt nan Ath-thagraidhean ann an càsan eucoir. Bidh SCA a' toirt taic do Chùirt nan Ath-thagraidhean, sa phrìomh àite tro Oifis a' Cheartais, air a bheil uallach clèirich cùirte a sholarachadh, cùisean na cùirte a chur air dòigh, luchd-diùraidh a stiùireadh agus clàraidhean cùirte a chur an eagar.

*Airson barrachd fiosrachaidh, tadhailibh air [www.scotcourts.gov.uk/justiciary/just\\_office.asp](http://www.scotcourts.gov.uk/justiciary/just_office.asp)*

## **Cùirtean an t-Siorraim**

Thèid dèileagadh ris a' chuid is motha de chàsan sìobhalta is eucoir ann an Alba le cùirtean an t-siorraim, far a bheil a' chuid is motha de luchd-fastaidh SCA. Tha na 49 cùirtean siorraim ann an Alba air an roinn ann an sia siorramachdan. Anns gach siorramachd tha àrd-shiorram a nì, chan e a-mhàin èisteachd ri ath-thagraidhean ann an cùisean-lagha sìobhalta, ach cuideachd air a bheil uallach obair na cùirte taobh a-staigh den t-siorramachd. Tha obair nan cùirtean air a roinn ann an trì raointean - Sìobhalta, Eucoir agus Comasdair - agus thig seo fo rianachd clèirichean siorraim ionadail agus an luchd-obrach aca.

### **Sìobhalta**

Tha an raon seo a' dèiligeadh sa chuid is motha ri connspaid eadar daoine agus/neo buidhnean agus tha e air a roinn ann an trì prìomh sheòrsaichean:

**Cùisean-lagha cumanta** - sgaradh-pòsaidh, clann, connspaid a thaobh seilbhe neo stòrais, agus fiachan ri phàigheadh.

**Cùisean-lagha aithghearr** - connspaid mu mhàl, lìbhrigeadh bathair agus fiachan

**Tagraidhean beaga** - modh an ìre mhòr neo-fhoirmeil airson chonnspaidean beaga, a thèid air adhart gu tric gun luchd-lagha sam bith.

Am measg chàsan sìobhalta eile tha tagraidhean a thaobh uchd-mhacachd, leaghadh chompanaidhean agus bristeadh-creideis.

## Comasdair

Tha an raon seo a' buntainn sa phrìomh àite ri ceist ùghdarras a thoirt do neach-ionaid a chor is gun sgaoil iad oighreachd is maoin duine mhairbh.

## Eucoir

Roinnear càsan ann an dà sheòrsa san fharsaingeachd a rèir cudtromachd na h-eucoir:

**Sòlaimte** – càsan fìor chudtromach far an tèid deuchainn èisteachd ro shiorram is dhiùraidh agus far am faod binn fo ghrèim sa phrìosan no treis cumail air ais a bhith suas ri còig bliadhna agus le càin gun chrìoch.

**Aithghearr** – càsan le casaidean a thèid eisteachd ro shiorram gun diùraidh. Mura sgrìobhar sìos ann an reachd e, tha casg air càin o bhith nas motha na £10,000, agus air teirm prìosain no treis cumail air ais o bhith nas fhaide na 12 mhìos.

## Rannsachadh Bàs Tubaisteach

Cumar Rannsachadh Bàs Tubaisteach (RBT) fo stiùir Neach-casaid a' Chrùin an dèidh bàs san ionad-obrach neo an dèidh bàs tubaisteach far am measar gu bheil an rannsachadh gu buannachd a' mhòr-shluaigh.

Airson barrachd fiosrachaidh, tadhailibh air [www.scotcourts.gov.uk/sheriff/index.asp](http://www.scotcourts.gov.uk/sheriff/index.asp)

## Cùirtean a' Mhaoir Cheartais

Bidh Maor Ceartais (MC) mar cheann air na cùirtean eucoir seo, duine gun teisteanasan laghail ach a gheibh taic is comhairle o chlàireach cùirte aig a bheil na teisteanasan sin. Faodaidh Maoir a bhith ann leotha fhèin air neo le dithist no trìuir air a' bheing. Tha 50 cùirtean a' Mhaoir Cheartais air feadh Alba. 'S e a' bhinn as motha a bheirear seachad 60 latha sa phrìosan air neo càin £2500, ach a-mhàin ma tha cead a thaobh an lagha dol nas àirde na sin. Tha maighstirean pàighte (*stipendary magistrates*) ann an Cùirt a' Mhaoir Cheartais ann an Glaschu cuideachd, agus tha teisteanasan lagha acasan a tha a' ciallachadh gu bheil na h-aona chumhachdan aca binn a thoirt seachad 's a tha aig siorraman ann an càsan aithghearr eucoir.

Airson barrachd fiosrachaidh, tadhailibh air <http://www.scotcourts.gov.uk/jp/index.asp>

## Prìomh Ionad SCA

Tha prìomh ionad SCA stèidhichte ann an Dùn Èideann agus bidh e a' solarachadh sheirbheisean corparra, ro-innleachd agus taice. Nam measg seo tha ionmhas, solarachadh, polasaidh agus ro-innleachd, Fiosrachadh Teicneòlais, Goireasan Daonna, Oighreachd, conaltradh agus taic clèireachais do Bhòrd SCA.

Airson barrachd fiosrachaidh, tadhailibh air [www.scotcourts.gov.uk/courtsadmin/scs.asp](http://www.scotcourts.gov.uk/courtsadmin/scs.asp)

## Oifis Britheamhan a' Chrùin

Chaidh Oifis Britheamhan Crùin na h-Alba a chruthachadh gus taic a thoirt don Àrd-mhorair na ròl mar Cheannaire Britheamhan na h-Alba, agus taobh a-staigh dhen oifis seo tha Oifis Phrìobhaideach an Àrd-mhorair, luchd-obrach Comataidh Sgrùdaidhean Bhritheamhan agus conaltradh bhritheamhan. 'S e

pàirt de dh'obair na h-oifise a bhith a' toirt taice 's comhairle laghail is rianachail do dh'Oifis Phrìobhaideach an Àrd-mhorair, cho math ri comhairle conaltraidh a thaobh nam meadhanan agus taic don a h-uile neach a tha ceangailte ris an oifis.

*Airson barrachd fiosrachaidh, tadhailibh air [www.scotland-judiciary.org.uk/23/0/Judicial-Office-for-Scotland](http://www.scotland-judiciary.org.uk/23/0/Judicial-Office-for-Scotland)*

## **Cunntasair Oifis na Cùirte**

Bidh an oifis seo, a tha stèidhichte anns an Eaglais Bhreac, a' toirt stiùiridh do neachan air leth a chaidh a chur an dreuchd leis na cùirtean gus còraichean cloinne a tha fo aois 16, agus còraichean-seilbhe eile far a bheil connspaid eadar pàrtaidhean mu sheilbhe 's stòras, a stiùireadh. Cuideachd, bidh an Cunntasair a' cumail rianachd air airgead sam bith a dh'fheumas a' chùirt a chumail.

*Airson barrachd fiosrachaidh, tadhailibh air [www.scotcourts.gov.uk/session/accountant.asp](http://www.scotcourts.gov.uk/session/accountant.asp)*

## **Oifis Neach-dìon a' Phobail**

'S e Cunntasair na Cùirte Neach-dìon a' Phobail cuideachd. Sa choitcheannas 's e obair Oifis Neach-dìon a' Phobail (ONP) ann an Alba stiùireadh a thoirt do na neachan sin a chaidh a chur an dreuchd gus sùil a chumail air cùisean inbheach nach eil comasach air seo a dhèanamh iad fhèin. Tha an oifis stèidhichte san Eaglais Bhreac agus bidh i ag obair air sgàth Alba gu lèir.

Tha raon obrach aig an ONP a thig fo Achd Inbhich le Neo-chomas (Alba) agus bheir i seachad fiosrachadh, comhairle agus treòir a thaobh Comasan-Neach-Ionaid, Cothrom Maoin, Òrduighean Dìon is Eadraiginn, agus sgrùdaidhean.

*Airson barrachd fiosrachaidh mu Neach-dìon a' Phobail, tadhailibh air [www.publicguardian-scotland.gov.uk](http://www.publicguardian-scotland.gov.uk)*

## **Barrachd fiosrachaidh**

Seirbheis Chùirte na h-Alba,  
Taigh Saughton,  
Broomhouse Drive,  
Dùn Èideann, EH11 3XD,

Fòn 0131 444 3300  
Facs 0131 443 2610  
[enquiries@scotcourts.gov.uk](mailto:enquiries@scotcourts.gov.uk)  
[www.scotcourts.gov.uk](http://www.scotcourts.gov.uk)